

Na

toraidhean

agad

2026

Clàr-innse

| | |
|--|----|
| Foir-shealladh | 3 |
| Clàr Teiseanasan Alba Agad | 5 |
| Prìomh cheistean air latha nan toraidhean | 6 |
| Ath-thagraidhean | 8 |
| Clàr-ama airson seirbheis nan ath-thagraidhean | 13 |
| Ath cheumannan | 14 |



Foir-shealladh



Tha sinn a' tuigsinn gum faod do cheann dol tuathal nuair a gheibh thu na toraidhean agad agus a dh'fheumas tu co-dhùnaidhean a dhèanamh air dè nì thu a-nis.

Tha an leabhran seo airson a h-uile neach-ionnsachaidh a bhios a' faighinn nan toraidhean aca air 4 Lùnastal 2026. Tha e a' mìneachadh dè gheibh thu còmhla ris a' Chlàr Teisteanasan na h-Alba agad agus càit am faigh thu cuideachadh leis na h-ath cheumannan.

Ma tha thu mì-chinnteach mu fhiosrachadh sam bith san leabhran seo, bruidhinn ris an sgoil no colaiste agad. Faodaidh tu a shealltainn gu do phàrant no neach-cùraim cuideachd.

Ma tha feum agad air an fhiosrachadh seo ann am Braille no ann an cànanan eile, cuir post-d gu **customer@qualifications.gov.scot** no cuir fòn gu **0345 279 1000**.



Faodaidh tu fòn a chur gu Loidhne-thaice nan toraidhean aig Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS) air 0808 100 8000 airson bruidhinn ri comhairliche mu na roghainnean is ath cheumannan agad. Bidh an Loidhne-thaice seo a' fosgladh aig 8m air Dimàirt 4 Lùnastal agus a' dùnadh aig 5f air Dihaoine 7 Lùnastal.

Mas fheàrr leat bruidhinn ri cuideigin aghaidh ri aghaidh, is urrainn dhut **coinneachadh ris a' chomhairliche SDS san sgìre agad**.

Airson bruidhinn ri comhairliche SDS ro latha nan toraidhean, no an dèidh do Loidhne-thaice nan Toraidhean dùnadh, is urrainn dhut fòn a chur thuca air 0800 917 8000. Tha an loidhne seo fosgailte Diluain gu Dihaoine, 9m gu 5f.

Tha tòrr fiosrachaidh is comhairle chuideachail mu dheidhinn toraidhean aig **myworldofwork.co.uk**.



**My
World of
Work**



Results Helpline

**Whatever your results, you have options
and our careers advisers can help**

Talk to us about college and university,
apprenticeships, training, volunteering, getting
into work, and more.

Call 0808 100 8000

Tue 4 and Wed 5 Aug: 8am to 8pm

Thur 6 and Fri 7 Aug: 9am to 5pm



myworldofwork.co.uk

Clàr Teisteanasan Alba Agad

Ann an cèis-litreach nan toraidhean agad, gheibh thu litir bho Phrìomh Oifigear nan Deuchainnean agus clàr nan toraidhean agad. Bidh clàr nan teisteanasan agad a' sealltainn:

- a h-uile teisteanas agad a choilean thu gu ruige seo;
- na rangachaidhean agad;
- cuin a choilean thu gach teisteanas; agus
- ìre gach teisteanas a rèir Frèam-obrach Creideasan is Teisteanasan na h-Alba (SCQF).

Airson barrachd fiosrachaidh air clàr nan teisteanasan agad, tadhail air **an làraich-lìn againn**.



Prìomh cheistean air latha nan toraidhean



Cò thuige a chuireas mi fios ma tha ceistean sam bith agam mu na toraidhean agam?

Bruidhinn ris an sgoil, colaiste no solaraiche-trèanaidh agad ma tha ceistean agad mu dheidhinn nan toraidhean agad. Ma tha iomagain ort mu dheidhinn nan rangachaidhean agad, faodaidh tu an t-seirbheis ath-thagraidhean againn a chleachdadh an-asgaidh. Faigh a-mach barrachd air duilleag 9.



Carson nach d' fhuair mi na toraidhean agam le teacsa no post-dealain?

Bidh sinn a' cur a-mach teacsaichean is puist-dealain bho 8m air latha nan toraidhean. Thoir sùil air a' phasgan spama no pasgan-truilleis agad mas e 's nach d' fhuair thu am post-dealain agad. Ma tha thu thall thairis, chan fhaigh thu an teacsa mura bheil am fòn agad comasach air teachdaireachdan fhaighinn thall thairis agus ma tha creideas gu leòr agad.



Tha toraidhean a dhìth air clàr nan teisteanasan agam. Dè bu chòir dhomh a dhèanamh?

Sa chiad dol a-mach, bruidhinn ris an sgoil, colaiste no solaraiche-trèanaidh agad. Bheir iadsan sùil air seo às do leth.



Ciamar a thathar a' comharrachadh deuchainnean agus obair-chùrsa?

Tha mu thuaiream 7,700 tidsear sàr-eòlach agus òraidichean a' comharrachadh nan deuchainnean agus obair-chùrsa. Bidh iad a' cleachdadh an cuid eòlais air riatanasan cùrsa agus inbhean nàiseanta gus an comharra deireannach agad obrachadh a-mach.

Tha sinn a' dèanamh iomadh sgrùdadh air feadh nan cùrsaichean is ìrean uile gus dèanamh cinnteach gu bheil an comharrachadh pongail agus co-chòrdail. Theirear 'barantachd càileachd' ri seo.



Am faod mi na pàipearan deuchainne agam fhaicinn agus iad comharraichte?

Chan fhaod, tha sinn duilich. Chan eil sinn a' tairgse leithid a sheirbheis an-dràsta.



Cia mheud comharra a dh'fheumas mi airson gach rangachadh?

Chan eil ìos-mheud nan comharran stèidhichte airson gach rangachadh (A gu D).

Ma bha deuchainn nas fhasa no nas dorra na bhathar an dùil, bidh sinn a' gluasad ìos-mheud nan comharran a dh'fheumar air a son gus dèanamh cinnteach gu bheil rangachaidhean cothromach bho bhliadhna gu bliadhna. Theirear ri seo 'stèidheachadh crìochan nan rangachaidhean'.

Ma tha ceist agad ris nach eilear a' dèiligeadh san leabhran seo, thoir sùil air na **ceistean cumanta** air an làraich-lìn againn.

Ath-thagraidhean

Ath-thagraidhean

Faodaidh tu ath-thagradh a dhèanamh ma tha dragh ort mu rangachadh airson Nàiseanta 5, Àrd-Ìre no Àrd-Ìre Adhartach agus thu a' faireachdainn gur math dh'fhaodte gun robh mearachd ann sa chomharrachadh.

Ma nì thu ath-thagradh, bidh àrd-neach-comharrachaidh ag ath-bhreithneachadh air na freagairtean agad sna measaidhean a chaidh a chomharrachadh le SQA. Tha seo a' gabhail a-steach pàipearan-cheistean agus obraichean sònraichte. Bidh iad a' toirt sùil orra airson dèanamh cinnteach:

- gun tugadh na comharran seachad a rèir nan inbhean comharrachaidh;
- gun deach a h-uile pàirt de na measaidhean agad a chomharrachadh;
- gun deach na comharran a chunntadh gu ceart; agus
- gun deach an toradh ceart a chur a-steach don t-siostam againn.

An dèidh an ath-bhreithneachaidh, dh'fhaodadh an toradh agad fuireach mar a tha e, a dhol suas no a dhol sìos.



Culaidhean-smaointinn mus dèan thu ath-thagradh

- ✓ A bheil an rangachadh agad ann an co-rèir ri do rangachadh tuairmsichte?
- ✓ An do bhruidhinn thu ris an tidsear, òraidiche no ceannard cùrsa agad mu dheidhinn an rangachaidh agad.
- ✓ An e rangachadh ris nach robh dùil?



Chan urrainn dhut ath-thagradh a dhèanamh:


- ✗ ma chaidh an duais cùrsa agad a chur às air sgàth mì-chleachdadh (briseadh riaghailtean);
- ✗ ma chaidh an rangachadh a thoirt seachad tron t-Seirbheis Beachdachaidh air Suidheachaidhean Air Leth*; no
- ✗ ma fhuair thu rangachadh A.

*Tadhail air **an làraich-lìn againn** gus sùil a thoirt air na riaghailtean a thaobh ath-thagradh a dhèanamh air toradh an iarrtais shuidheachaidhean air leth agad.

Am faod mi ath-thagradh prìomhachais iarraidh?

Is urrainn dhuinn prìomhachas a thoirt don ath-thagradh agad ma tha tairgse chumhach agad airson àite ann an oilthigh, colaiste no trèanadh am-bliadhna no cothrom cosnaidh a tha an crochadh air an rangachadh agad.

Feumaidh an sgoil, colaiste no solaraidhe-trèanaidh agad aonta a thoirt do ath-thagradh prìomhachais. Inns dhaibh gu bheil tairgse chumhach agad a tha an crochadh air an rangachadh agad. Feumaidh tu ainm an ionaid-fhoghlaim no fastaiche a thoirt seachad airson ath-thagradh a bhith air a ghiullachd mar phrìomhachas.



Ciamar a nì mi ath-thagradh?

Faodaidh tu ath-thagradh a dhèanamh le bhith a' cleachdadh na seirbheis ath-thagraidhean dìreach airson luchd-ionnsachaidh air **an làrach-lìn againn**, no le bhith ag iarraidh air an sgoil, colaiste no solaraiche-trèanaidh agad ath-thagradh a chur a-steach às do leth.

Feumaidh tu toirt seachad:

- d' ainm
- an seòladh puist-dealain agad
- do latha breith; agus
- Scottish Candidate Number (shown on your certificate).
- an Àireamh Oileanach Albannach (SCN) agad (gheibh thu seo air a' chlàr nan teisteanasan agad)

Feumaidh tu clàradh airson seirbheis ath-thagraidhean dìreach do luchd-ionnsachaidh air leth bho My Qualifications Scotland. Mas fheàrr leat, faodaidh tu iarraidh air do phàrant no neach-cùraim seo a dhèanamh às do leth.

Pàrantan agus luchd-cùraim

Ma tha thu a' dèanamh ath-thagradh às leth do phàiste, cuimhnich:



- gum feum thu cead fhaighinn bhuapa an toiseach;
- gum feum thu seòladh puist-dealain diofaraichte a chleachdadh airson gach pàiste;
- gum bu chòir dhut dèanamh cinnteach gu bheil do phàiste a' tuigsinn gum faod an rangachadh aca fuireach mar a tha e, a dhol suas no a dhol sìos; agus
- nach fhaod do phàiste ath-thagradh a dhèanamh air an son fhèin cuideachd ma tha thusa ga dhèanamh air an son.

Clàr-ama airson seirbheis nan ath-thagraidhean



Dimàirt 4 Lùnastal – latha nan toraidhean. Dimàirt 9 Lùnastal – Bidh an t-seirbheis ath-thagraidh a’ fosgladh aig 9m.



Dimàirt 11 Lùnastal – seo an ceann-latha mu dheireadh air am faod thu fhèin, no do phàrant no neach-cùraim, ath-thagradh prìomhachais iarraidh.



Diardaoin 20 Lùnastal – an ceann-latha mu dheireadh air am faod an sgoil, colaiste no solaraiche-trèanaidh agad ath-thagradh prìomhachais iarraidh às do leth.



Dimàirt 25 Lùnastal – an ceann-latha mu dheireadh air am faod thu fhèin, no do phàrant no neach-cùraim, ath-thagradh a dhèanamh.



Dihaoine 28 Lùnastal – an ceann-latha mu dheireadh air am faod an sgoil, colaiste no solaraiche-trèanaidh agad ath-thagradh a dhèanamh às do leth.



Diluain 31 Lùnastal – an ceann-latha a chuireas sinn a-mach co-dhùnaidhean air ath-thagraidhean prìomhachais gu sgoiltean, colaistean agus solaraichean-trèanaidh. Bidh iadsan an uair sin a’ leigeil fios dhut mun toradh. Ma tha thu air iarrtas a chur a-steach airson àite air cùrsa tro Sheirbheis Inntigidh nan Oilthighean is Colaistean (UCAS), cuiridh sinn an toradh agad thucasan cuideachd. Bidh UCAS an uair sin a’ cur fios chun an oilthigh no colaiste bhuntainnich. Ma dh’fheumas tu an toradh a chur gu buidheann eile (mar eisimpleir, gu fastaiche), tha e an urra ris an sgoil, colaiste no solaraiche-trèanaidh agad sin a dhèanamh.



An Dàmhair 2026 – am mìos san cuir sinn a-mach na co-dhùnaidhean air a h-uile ath-thagradh eile. Dh’fhaodte gum feum sinn ar co-dhùnaidhean a chur a-mach nas anmoiche na seo, a rèir cia mheud ath-thagradh a gheibh sinn. Innsidh sinn don sgoil, colaiste no solaraiche-trèanaidh agad ma tha seo buntainneach.

Ma tha an rangachadh agad ag atharrachadh, cuiridh sinn thugad clàr theisteanasan ùr san t-Samhain. Bidh an rangachadh agad air My Qualifications Scotland air ath-ùrachadh an dèidh sin.

Tha co-dhùnaidhean mu ath-thagraidhean deireannach agus chan fhaod thu ath-thagradh a dhèanamh orra a-rithist.

Leugh an **duilleag ath-thagraidhean againn** airson barrachd fiosrachaidh.

Ath

cheumannan

A' smaoinichadh air Teisteanasan Nàiseanta Àrd-Ìre?

Tha Àrd-Theisteanasan Nàiseanta (HNCs) agus Àrd-Dhioplòmaichean Nàiseanta (HNDs) nan cùrsaichean a chaidh a dhealbhadh ann an com-pàirteachas le colaistean, oilthighean agus gnìomhachas.

Gheibhear cùrsaichean HNC agus HND ann an raon farsaing de chuspairean, bho Chunntasachd gu Dèanamh Bhidiothan. Bidh na cùrsaichean seo gad chuideachadh gus na sgilean is eòlas practaigeach a leasachadh a dh'fheumas tu gus obair a dhèanamh.

Tadhail air **an làraich-lìn againn** airson barrachd fiosrachaidh.

Clìoradh tro UCAS

Mura bheil taingse agad bho oilthigh no colaiste, faodaidh tu iarrtas a chur a-steach airson Clìoradh tro UCAS airson chùrsaichean air am faighear àitichean.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, tadhail air

- ✓ UCAS
- ✓ Undergraduate Clearing



Làraichean-lìn taice

Airson barrachd cuideachaidh leis na h-ath cheumannan agus roghainnean agad, faodaidh tu tadhal air **an làraich-lìn againn** no gin de na làraichean-lìn a leanas.

- ✓ e-sgoil.com
- ✓ mindyertime.scot
- ✓ myworldofwork.co.uk
- ✓ myworldofwork/schoolleaverstoolkit
- ✓ ucas.com
- ✓ whocaresscotland.org.uk
- ✓ young.scot



Tha sinn ag iarraidh air luchd-ionnsachaidh pàirt a ghabhail ann an suirbhidhean agus ann an rannsachadh eile. Ma chlàraicheas tu, gheibh thu an cothrom do bheachd a thoirt seachad air raon de chùisean. Ma tha ùidh agad ann, tadhail air **an làraich-lìn againn**.

GOING TO COLLEGE OR UNIVERSITY?

I applied for my tuition fees, loan and bursary at www.saas.gov.uk

FUNDING?

College?

UNI?



HNC



HND

SAAS
Funding your future

Student
Awards
Agency
Scotland

Ionad Seirbheisean Custamair

Fòn: **0345 279 1000**

Làrach-lìn: **[qualifications.gov.scot](https://www.qualifications.gov.scot)**



An t-Ògmhios 2026